



Seumas VI, Rìgh  
na h-Alba

## Bann agus Reachdan Ì Choluim Cille

Tha cuid a' smaoinichadh gun robh **Reachdan** Eilean Ì – tha naoi **reachdan** ann uile gu lèir – nan ionnsaigh air pàirtean de **chultar** na Gàidhlig; gun robh iad airson **cur às** don Ghàidhlig agus Beurla a chur na h-àite.

Tha cuid eile a' smaoinichadh, leis na **reachdan**, gun robh Rìgh Seumas VI na h-Alba a' feuchainn ris a' **Ghàidhealtachd** a thoirt còmhla ris a' chòrr de dh'Alba.

Tha ceist ann an robh Rìgh Seumas a' feuchainn ri **sìobhaltachd** a thoirt dhan **Ghàidhealtachd** no a' feuchainn ris a' Ghàidhlig a chur sìos. Gun teagamh ge-tà, chaidh **coimhearsnachd** na Gàidhlig agus **giùlan** nan Gàidheal atharrachadh nuair a chaidh cuid de na **reachdan** a chur an sàs.

Bha mòran de na **Goill** den bheachd gun robh na **Gàidheil** borb, fiadhaich. Le sin, tha e furasta a thuigsinn carson a tha cuid a' smaoinichadh gun do stèidhich Rìgh Seumas na **reachdan** mar dhòigh air **piaseach** a thoirt air **dòigh-beatha** nan Gàidheal, agus air lagh agus rian a **leudachadh** san **sgìre**. Thuirt an rìgh fhèin uaireigin gun robh na Gàidheil gu lèir borb:

'A thaobh nan Gàidheal, chanainn gu bheil dà sheòrsa ann: an fheadhainn a tha a' fuireach air tìr-mòr agus a tha borb, ach a bhios a' nochdadh beagan modh uaireannan; agus an còrr a tha a' fuireach anns na h-eileanan agus a tha gu tur borb.'





**An SSPCK**

[www.storlann.co.uk/gaidhlig-alba](http://www.storlann.co.uk/gaidhlig-alba)